

## UHI Research Database pdf download summary

### An Saoghal tro Speuclairean na Gàidhlig?

Bateman, Meg

*Published in:*  
Cànan is Cultar/Language & Culture

*Publication date:*  
2019

*The re-use license for this item is:*  
CC BY-NC-ND

*The Document Version you have downloaded here is:*  
Publisher's PDF, also known as Version of record

### [Link to author version on UHI Research Database](#)

*Citation for published version (APA):*  
Bateman, M. (2019). An Saoghal tro Speuclairean na Gàidhlig? In M. Bateman, & R. Cox (Eds.), *Cànan is Cultar/Language & Culture: Rannsachadh na Gàidhlig 9* (1 ed., Vol. 9, pp. 1-10). Clò Ostaig.

#### **General rights**

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

#### **Take down policy**

If you believe that this document breaches copyright please contact us at [RO@uhi.ac.uk](mailto:RO@uhi.ac.uk) providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

## AN SAOGHAL TRO SPEUCLAIREAN NA GÀIDHLIG?

Meg Bateman  
*Sabhal Mòr Ostaig*

*'S ann an Ìle gorm an fheòir  
a rugadh mi 's a thogadh mi,  
's ann an Ìle gorm an fheòir  
a rugadh mi 's a bhà mi.*

Tha e na iongantas do luchd na Beurla gun tèid *gorm* a chleachdadh an dà chuid do dhath nan speuran agus do dhath an fheòir. Cha lugha an t-iongantas air na Ruiseanaich gun dèan *blue* sa Bheurla a' chùis do *siniy* agus *goluboy*, eadar-sgaradh a tha ga chumail sa Ghàidhlig ann an *liath is gorm*. Ma chanas luchd na Beurla nach eil ann ach ceist doimhne an datha, bhiodh e math a chuimhneachadh nach i ach ceist doimhne a nì an diofar eadar *pink* agus *red* no *beige* agus *brown*. San latha an-diugh, às dèidh còrr is 140 bliadhna de dh'fhoghlam coitcheann, tha na dathan sa Ghàidhlig gu ìre mhòir co-ionann ri dathan sa Bheurla agus is gann gun tèid *gorm* a chleachdadh tuilleadh dhan fheur ach ann am bàrdachd. Cha robh na cànanan Ceilteach nan aonar ann a bhith a' cleachdadh an aon fhacail airson dhathan air an cuirear *blue* no *green* sa Bheurla. 'S ann mar sin cuideachd a tha na cànanan Nguni an Afraga a deas, Bhiatnamais, Tàidh agus Arabais. Ach tha e coltach gun robh an suidheachadh sa Ghàidhlig na b' iom-fhillte na dà dhath fhionnar a bhith a' tuiteam còmhla oir tha *uaine* agus *glas* ann cuideachd. Tha e coltach nach e tuar ('hue') an aon slat-thomhais air a bheil na dathan Gàidhlig air an sònrachadh.

NA DATHAN BUNASACH AIG BERLIN AGUS KAY 1969

Dhùisg an deasbad às ùr mu dhathan an 1969 le tagradh Bherlin is Khay gun tèid gach cànan tro na h-aon seachd ceumannan a dh'ionnsaigh siostam bunasach nan aon dath deug a bhuineas dha na cànanan Eòrpach. B' e Lazarus Geiger a chùim a-mach an toiseach gun cuir a h-uile cànan ri briathrachas nan dath san aon òrdugh: an toiseach, dhèante eadar-sgaradh eadar soilleireachd is doilleireachd, eadar *bàn* is *dubh*; an uair sin, nochdadh *dearg*, dath na fala; an uair sin, nochdadh na dathan *buidhe* is *glas* airson mheasan abaich is neo-abaich. Sa h-uile suidheachadh, b' e *gorm* an dath mu dheireadh a nochdadh, gu tric a' tighinn bhon fhacal airson datha dhuirch, mar a thachair do *gorm* fhèin, a tha co-dhàimheil ri *gwrn* san t-Seann Chuimris (Deutscher 2011, Caib. 2–3).

Seo mar a chlàraich Berlin is Kay an siostam aca, le *glas* a' tighinn a-steach cho tràth ri Ìre II no cho anmoch ri Ìre V:

Stage I	white and black
Stage II	and red
Stage III	and green/blue or yellow
Stage IV	and yellow and green/blue
Stage V	and differentiated green and blue
Stage VI	and brown
Stage VII	and purple, pink, orange.

(Berlin agus Kay 1969)

Tha Heidi Layzer-Meyn air a shealltainn gun robh an t-Seann Ghàidhlig aig Ìre IV den t-siostam seo leis na còig dathan *bán, dub, derg, glas* is *buide*, agus sin gu soilleir na bhun-stèidh dha na dathan an Gàidhlig na h-Alba. (Tha dathan Ìre VII – *purpaidh, pinc* is *orains* – nam faclan-iasaid ùra air an robh feum leis na roghainnean a thàinig an lùib gnìomhachais.) Ach tha *geal* is *fionn* ann cho math ri *bàn*; *ruadh* is *donn* cho math ri *dearg*; agus, tha fhios, *uaine* is *glas* cho math ri *gorm*.

Do Bherlin is Kay, bha e do-sheachanta gun gluaiseadh gach cultar is cànan a dh'ionnsaigh nan aon dath deug. Ged a bhios gnìomhachas agus malairt air a thoirt air a' mhòr-chuid de chultaran an t-slighe seo a leantail, chan eil càil do-sheachanta mu shlat-thomhais stèidhichte air dathan an speagraim. Bruidhnidh an t-Sinis mu dhathan a rèir fhaireachdainnean; do chuid de na cànanan Afraganach mheadhanach, tha dathan air an sònrachadh a rèir a bheil an coltas garbh, rèidh, cruaidh, maoth, balbh no briathrach (Spinney 2007, 45–46). Am measg nan Gàidheal, agus iad nan daoine aoghaireil, cha bhiodh iomadachadh dhathan airson seicheannan cruaidh no feòir aig diofar amannan na iongnadh, is beathaichean agus ionaltradh rin deasbad aca (Murray 2014, 195–98). Bheir seo slatan-tomhais a bharrachd a-steach nach eil aig Berlin is Kay, stèidhichte air pàtran no ioma-dhath, air doimhne bogaidh ('saturation') agus air an diofar eadar gleans agus doilleireachd ('mattness') – diofar a chithear cuideachd anns an Laidinn eadar an dà sheòrsa duibhe: *niger* agus *ater*, agus an dà sheòrsa gile: *candidus* agus *albus*. 'S dòcha gun robh cudromachd gleansa sa Ghàidhlig na buaidh air a' mheas air meatailt ann an cultar gaisgeil. Am broinn talla laiste le glè bheag de sholas, bhiodh gleans is pàtran air meatailt ghràbhailte fada na bu shoilleire na dath.

#### SLATAN-TOMHAIS DOIMHNE, GLEANS AGUS BLÀTHS

Chithear slatan-tomhais stèidhichte air doimhne, gleans agus dath ag obair an aghaidh a chèile gus dathan na Gàidhlig a shònrachadh. Do luchd na Beurla, tha e annasach gun cleachdar *glas, gorm* agus *uaine* uile do *green, blue, grey* agus *metallic*. A thaobh doimhne, seasaidh *gorm* mu choinneimh *glas* agus *uaine*.

Faodaidh lus a bhith *gorm* as t-samhradh ach *glas* as t-earrach agus as t-fhoghar, agus an dath ri tighinn ann no air traoghadh às. Bhiodh Afraganaich *gorm* fhad 's a bhiodh duine tinn *glas*. Dh'fhaodadh beathaichean a bhith *gorm*, m.e. 'Irt nan caorach gorma'. 'S dòcha gun dèan an eileamaid *glas* sna h-ainmean *Dubhghlas* agus *Gaodhal Glas* iomradh air armachd ghleansach. Anns an t-seann Ghaeilge, bhiodh sgaradh ga dhèanamh eadar *glas* mar dhath lusach agus *uaine* mar dhath meatailt no lèig. B' ann *uaine* a-riamh a bhiodh trusgan nan sìthichean, m.e. 'bean chaol a' chòta uaine', ach thèid *uaine* a chleachdadh do nàdar ann am bàrdachd air adhbhar rannaigheachd far am bi an comhardadh stèidhichte air *ua*.

*Gorm*: dath fionnar domhainn gleansach (*green, blue no grey*), m.e. lusan, sùilean, meatailt, a' mhuir, na speuran, daoine dubha, seicheannan

*Glas*: dath fionnar eu-domhainn gleansach (*green, blue no grey*), m.e. lusan, sùilean, meatailt, a' mhuir, na speuran, aodann, seicheannan, airgead, uisge)

*Uaine*: *green* mì-nàdarrach gleansach, m.e. aodach nan sìthichean, uisge tuirc-ghorm

Tha *fionn* (*white* gleansach blàth), *bàn* (*white* doilleir blàth) agus *geal* (*white* gleansach fuar) gan sònrachadh air an aon dòigh, le gleans agus doilleireachd, blàths agus fuachd ag obair an aghaidh a chèile. Cleachdar *fionn* do dh'fhalt dhaoine agus de ghaoisid beathaichean. Nì na h-ainmean *Fionn, Fionnlagh* agus *Fionnghall* iomradh air falt bàn gleansach (agus, san eisimpleir mu dheireadh, air na Goill bhàna – na Lochlannaich – agus air an tìr a thuinich iad) (McLeod is Bateman 2007, àir. 21). Cleachdar *bàn* do dh'fhalt agus do lusan air dath eu-domhainn blàth doilleir, fhad 's a chleachdar *geal* do shneachd, driùchd, fiaclan, bainne, craiceann, lusan agus claidheamhan.

Seasaidh *donn* agus *odhar* mu choinneimh a chèile. Tha *donn* domhainn gleansach agus cleachdar e do dh'fhalt, inean agus, gu samhlauchail, do dh'uaisleachd. Tha *odhar* eu-domhainn neo-ghleansach agus cleachdar e do sheicheannan, cù-odhar, aghaidh na tìre, uisge, craiceann aosta no marbh, don bhod agus do dh'umaidheachd.

#### GLEANS AGUS DOIMHNE RIM MOLADH

Tha gleans agus doimhne rim moladh fhad 's a tha doilleireachd agus eu-doimhne rin diomoladh. Tha craiceann Dhiarmaid geal – 'Bu ghile a bhràighe ná grian' – fhad 's a bhios craiceann na h-aoise odhar a rèir Dhòmhnail mhic Fhionnlaigh nan Dàn san 16mh linn:

*Aois pheall-eudannach odhar,  
Bhios gu ronnach bodhar èitigh,  
Creud fan ligfinn leat, a lobhair,  
Mo bhogha 'bhreith dhìom air èiginn?*

(McLeod is Bateman 2007, àir. 68)

Tha, agus na mairbh am measg nam Caimbeulach às dèidh Bhlàr Inbhir Lòchaidh, a rèir Iain Luim:

*'S iomadh slaodanach mòr odhar  
Bha na shìneadh air Ach an Todhair.*

(Ó Baoill is Bateman 1994, àir. XX)

Cronaichear duine fhathast leis na faclan 'An trustair odhar!'

Annas a' cho-theags *airgead glas, claidheamh gorm* agus *gáir na mbléidhe fleasgach fionn* (Ó Baoill is Bateman 1994, àirn V, XIX is VII), tha e soilleir gu bheil iomradh ga dhèanamh air na dathan seo a chionn 's gu bheil gleans ri mholadh. Chunnacas shuas gum biodh duinne ri mholadh cuideachd air sgàth a dhoimhne. Thèid a chleachdadh gu soilleir leis a' chèill seo ann an abairtean nach dèanadh ciall gu litreachail, m.e. 'Diarmaid Buidhe Donn' no "S i an taobh geal donn a rug a mac dhomh' (Macdonald 1893–94, 40–41). Tha an t-ainm *Donnchadh* na mholadh air duinne; agus 's e *Donn* cuideachd ainm sinnsir no dè phàganach.

#### PÀTRAN AGUS IOMA-DHATH RIM MOLADH

Tha ùidh ann am pàtran is ioma-dhath ga cleachdadh mu chroth ann am faclan mar *breac, riabhach, ballach, srianach, cròinfhionn* agus *grìsfhionn* ('grizzled'). Molaidh seinneadair 'Thig an smeòrach as t-earrach' *crodh druimfhionn is guailfhionn | air do bhuaile mar chòmhlà* (Gillies 2006, 367). Tha am facal *breac* air tòrr briathrachais a ghineamhainn thairis air diofar raointean cleachdaidh, m.e. air diofar èisg, eòin, clò, galaran a chruthaicheas broth, agus snaigheadh, sgrìobhadh no a bhith ri obair-ghrèis, a nì pàtran air uachdar. Aig ìre shamhlachail, ciallaichidh *breac* 'measgaichte', mar a chithear ann am *breacarsaich, breac-chreideamh* no *breac-shean*.

San t-Saoghal Eile, bidh beathaichean ioma-dhathte. Tha aodann geal air each na Fèinne, am *Blar-aghan*, agus tha brù ghlas air a' bhoin aca, *Glas-ghoileam*. Seo tuairisgeul a' choin, Bran:

*Casan buidhe bha aig Bran,  
Dà thaobh dhubh agus tàrr geal,*

*Druim uaine mun suidheadh sealg,  
Cluasan corrach crò-dhearg.  
(an dèidh Stewart 1804, 560)*

Ann an *Táin Bó Cuailgne*, tha trì dathan air falt Chú Chulainn agus ceithir ann an lagan a ghruaidh; tha sùil ghorm agus sùil dubh ann an Conall Cernach, is mala dhubh agus mala bhàn air, agus tha aodach de dh'iomadh dhath air Medb agus Ailill (Lazar-Meyn 1994, 201–05). Ann an *Imram Snedgus agus Mhic Riagla*, b' e cuingleachadh dathan an aodaich gu ìre as adhbhar gun do chuir Fir Rois às dhan rìgh aca (Stokes 1888, 14–25). Tha coimeas ri dhèanamh an seo ri stiùireadh ann an *Annala nan Ceathrar Mhaighstirean: aendath i n-edoighibh moghadh* 'aon dath ann an aodach thràilleann' (*Annals of the Four Masters*, anno mundi 3664). Ach tha e coltach gum b' urrainn do dh'aodach geal a bhith drùidhteach cuideachd. B' e *Fionnlagh na Plaide Bàin* an t-ainm a bh' air fear de chloinn Mhic Cruimein agus cluinnear gum biodh aodach geal air oighre nuair a dhèante ceannard dheth agus gun rachadh seo a thoirt dhan bhàrd às dèidh làimhe (MacPhail 1914, 133).

#### DONNCHADH BÀN AGUS AN RAON-CLEACHDAIDH

Seach gu bheil Donnchadh Bàn air fear de na bàird nàdair as ainmeile ann an dùthchas nan Gàidheal, bhiodh e reusanta a bhith an dùil gum biodh a leithid 'Moladh Beinn Dòbhrain' (MacLeod 1952, 184–95, 196–225) làn dhathan, ach chan eil e. Thig feartan eile seach dath fo phrosbaig a' bhàird: bidh na lusan *liomharra, glan, mollach, càiteanach, cràsgach, sliomchluasach, badanach, amlach* no *ròmach*; is leòr dha a ràdh gum bi lusan no sprèidh *riabhach, breac* no *ballach*, gun iomradh air na dathan fhèin. Mar an ceudna, is leòr a ràdh gu bheil na fèidh, coilich agus craobhan 'dathte' (MacLeod 1952, ss 2622–23, 2659, 2673),<sup>1</sup> no gu bheil am breacan *taitneach basach boillsgeil | Laiste daoimeanach* (ibid., ss 2036–39), gun na dathan a shònrachadh. B' e an neach-èisteachd a chuireadh an dath ris an dealbh tron eòlas aige air a' chuspair. Seo mar a rinn am bàrd tuairisgeul air a' mhagairle ('orchid'), a-rithist gun iomradh air dath:

*Dóbhreach bhallach mhìn,  
Ghóbhlach bharrach shliom,  
Lòintean far an cinn  
I na mòthraichean.*

(MacLeod 1952, ss 2954–55)

Chuir e a uiread de dhragh air Gladstone gun deach aig Homer air tuairisgeul a

1. Dh'fhaodte an aon phuing a dhèanamh mu fhalt, fion agus clò ann an òrain eile a bhios gu sìmplidh 'dathte'.

thoirt air a' Ghrèig gun iomradh air guirme na mara no nan speuran 's gun tàinig e a-steach air gun robh Homer dall do dhathan. Ann an *Studies on Homer and the Heroic Age* (1858), seallaidh e cho tearc 's a dhèanadh Homer iomradh air dathan, a bharrachd air dubh is geal, agus cho neònach 's a chuireadh e gu feum am beagan a chleachdadh e. Bha fiù 's Darwin den bharail gun robh lèirsinn mhic-an-duine air abachadh gu fiosaigeach bho linn Homer tro fheartan dùthchasach ionnsaichte ('inherited acquired characteristics'), agus cha b' ann gun 1887 a dhearbhadh Weismann nach robh a leithid ann (Deutscher 2011, 45–55). Tuigear a-nis gu bheil na h-aon chomasan fradhairc coitcheann do mhac-an-duine agus gun stèidhichear briathrachas nan dath dìreach a rèir cultair. Chan urrainn do bhriathrachas cultair sam bith a bhith cho mionaideach ris an t-sùil fhèin is i comasach air sgaradh a dhèanamh eadar 's dòcha millean tuar datha.

'S dòcha gum biodh Gladstone amharasach gun robh rudeigin ceàrr air fradharc Dhonnchaidh Bhàin cuideachd is e a' cleachdadh *buidhe*, *cràdhearg* agus *dearg mar chèir* mu na laoigh is na fèidh am Beinn Dòbhrain (MacLeod 1952, ss 2731, 2788).<sup>2</sup> Ged a tha *gorm* ga chleachdadh mu shùilean a mhnà, peilearan luaidhe, gunnathan, bradain agus uillt – is iad uile gleansach – chan eil guth aige air an t-adhar a bhith gorm no na flùraichean a bhith pinc, orains no purpaidh; tha am fraoch *grisdearg*. Ach, gu dearbha, bhitheadh coltas dearg air seiche nam beathaichean an coimeas ri guirme an fhèidh is na dathan ag obrachadh a rèir a chèile taobh a-staigh raoin ('domain') àraidh. 'S e *dubh* is *geal*, *dearg* is *donn*, *buidhe*, *gorm* is *glas* na dathan as cumanta aige. Le nas lugha de dhathan san t-siostam, dh'fheumadh gach dath bann na bu leatha a chòmhdachadh na dh'fheumas iad an-diugh.

#### MIANN DO DHOIMHNE DHATHAN

Canar gu tric gum buin dathan sèimhe dhan Ghàidhealtachd,<sup>3</sup> ach breugnaichidh Leabhar Cheannanais no dealbh ceannaird na èideadh Gàidhealach sin. Eu-coltach ris na talamhan seargte mu dheas, bidh a' Ghàidhealtachd ga cumail ùrail air feadh na bliadhna leis na th' ann de dh'uisge. Thilleadh na Scottish Colourists mar Pheploe is Cadell a dh'Eilean Idhe gach samhraidh tràth san 20mh linn air sgàth dathan an àite. Thogadh clachan de dhathan mì-àbhaisteach ùidh nan Gàidheal cuideachd agus mheaste cuid aca buadh-mhor, m.e. Ball Mo-Luidhe, clach ghorm air Flada a' Chuain, no paidirean de chlachan-fala a chleachdte an lùib breith-chloinne (Martin 1716, 225–26, 166–67).<sup>4</sup> Chaidh *orpiment*,

2. San latha an-diugh, cha chleachdte dearg seach ruadh air falt no gaoisid.

3. Canaidh Ragnall MacilleDhuibh (2008) gu bheil 'temperate zone minority language spectrum' aig a' Ghàidhlig; agus Murray (2014, 195), gu bheil raon datha na Gàidhlig 'pastel rather than primary, gentle rather than bold.'

4. Faic, cuideachd, Henderson 1911, 198–206, 227–36, 332, agus Black 1892–93, 516.

a chleachdte airson buidhe, a lorg bhon 7mh linn ann an Dùn Ad. Chuirte a dh'iarraidh an stuth datha airson Leabhar Cheannanais – luaidh dhearg, ruadh-chailc, òcair is *orpiment*, guirmean is glas-lus, *verdigris*, dubh (bho shùith no iarann) agus *gypsum* – cho fada air falbh ris a' Mhuir Mheadhanach.<sup>5</sup> Chaidh an cleachdadh leotha fhèin no ann an lithean gus raon farsaing de dhathan a chruthachadh, nam measg *liomaid*, *orains*, *pinc* agus *lilac* – na dearbh dhathan air nach robh ainmean àraidh gus an 19mh no an 20mh linn.

Ann an co-theags meas air dathan, bhiodh e doirbh cus cuideim a chur air a' bhreacan, gu h-àraidh ann an cruth an fhèilidh mhòir is e a' còmhdachadh a' chuirp gu ruige na glùinean. 'S e mearachd chumanta a th' ann a bhith a' dèanamh a-mach gun robh dathan nam breacan doilleir, agus tha rannsachadh air breacain bhon 18mh agus bhon 19mh linn le Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' sealltainn gun deach tòrr dhiubh a dhathadh le stuth ceimigeach, daolagach no lusach a rachadh a cheannach bhon mhargaid cho tràth ris an 12mh linn air sgàth 's cho làidir 's a bha iad, mar eisimpleir màdar, guirmean agus càrnaid ('cochineal'). Do Dhonnchadh Bàn, chuireadh am facal *càrnaid* an cèill soilleireachd a' bhreacain san fharsaingeachd, agus tha Ùisdean Cheape (Quye is Cheape 2000) air a shealltainn gun deach clò air a dhathadh leis an stuth dhaor seo na chomharra inbhe am measg nan uaislean san 18mh linn.

#### DATH MAR LUACHADH AGUS MAR PHRÒSAS

Dh'fhoillsich Ragnall MacilleDhuibh an dàn a leanas sa *Phàipear Bheag*<sup>6</sup> gus eisimpleir a thoirt dhan leughadair de na diofar rudan air am faodte *glas* a bhith sa Ghàidhlig: lusan, craiceann, meatailt agus meadhg, a bhiodh *green*, *white*, *metallic* and *grey* sa Bheurla. Thig fireannach dhachaigh às dèidh dha a bhith seachd bliadhna air falbh agus tachraidh e ri a sheann leannan is i an impis fear eile a phòsadh. Chan aithnich i e agus canaidh i nach eil ann dheth ach 'corraghille glas'. Nì e an dàn gus a chur an cèill dhi cò e, agus leis an rann mu dheireadh mu dheidhinn bainne a bhith ga sgaradh na ghruth is meadhg, tuigidh i cò th' aice agus pòsaidh iad.

*'S e labhair i le còmhradh borb  
Gun robh mi 'm chorra-ghille glas.  
Is glas am fochann, is glas am feur,  
Is glas a' choille fo a duibhneul,  
Is glas an dos tha 'm bàrr a' chroinn,  
'S ar leam fhìn gur glas an cuileann.*

5. <<http://www.tcd.ie/Library/manuscripts/book-of-kells.php>>.

6. i. *The West Highland Free Press*; faic MacilleDhuibh 2008.

*Is glas an claidheamh,  
Is glas an tuagh sa bheil a' chas,  
'S ma bhios a faobhar gu tana geur,  
Gu dè as miost' a mèinn bhith glas?*

*Is geal am bainne thig bhon bhuar,  
Is milis 's is buan a bhlas;  
'S nuair a sgaras an gruth o mheadhg  
Tionndaidh e thaobh 's bidh e glas.*

Ach saoilidh mi gu bheil barrachd an sàs ann na dath a-mhàin. Tha luachadh ann, a chionn 's gum b' fheàrrde gach rud gun a bhith glas: b' fheàrrde an cuileann, am fochann agus a' mheatailt a bhith gorm; b' fheàrrde aodann an duine gun a bhith glas le eagal ach geal mar bhainne, mar a bhitheadh e nan robh e còmhla ri a leannan. An uair sin, bhiodh e toilichte agus bhiodh coltas ceart air gach rud. 'S ise a dh'fhaodas seo a thoirt gu buil.

#### AN SAOGHAL RO SPEUCLAIREAN NA GÀIDHLIG?

O linn Shapir is Whorf, tha an dàimh eadar ar cànan dùthchasach agus an dòigh anns am faicear an saoghal air a bhith fo dheasbad agus tha dath air a bhith cudromach san deasbad ud. Canaidh na cànanachan dàimheach ('language relativists') gum faicear an saoghal a rèir cànan: dìreach mar a nì diofar chànan diofar sgaraidhean san raon datha, 's ann mar sin a nithear sgaraidhean nar n-eòlas air an t-saoghal air fad. Mar a thuirt Sapir (1958, 69), 'We see and hear and otherwise experience very largely as we do because the language habits of our community predispose certain choices of interpretation.' Air an làimh eile, canaidh na cànanachan coitcheann ('language universalists') gum bi a h-uile mac-màthar a' faicinn dath agus an t-saoghail air an aon dòigh air sgàth cionannachd ar cuirp agus ar n-eanchainnean.

Thill Guy Deutscher chun a' chuspair na leabhar *Through the Language Glass* (2010) agus e a' tighinn gu co-dhùnadh eadar an dà bheachd. A' leantail air prionnsapal Bhoas-Jakobson, '[I]anguages differ essentially in what they *must* convey and not in what they *may* convey' (d. 151), bidh Deutscher a' cumail a-mach nach e nach urrainn dhuinn faicinn taobh a-muigh ar cànan dùthchasach ach gun toir iad oirnn a bhith mothachail do rudan àraidh. Mar eisimpleir, bidh luchd-bruidhinn cuid de na cànan tùsail Astràilianach daonnan mothachail air na ceithir àirdean oir 's iad sin a chleachdar sa chànan an àite roimhearan pearsanta. Air an aon dòigh, chithear gun toireadh cuideam gleans agus doimhne ann an siostam nan dathan sa Ghàidhlig air na Gàidheil a bhith mothachail dha na feartan seo seach dha tuar a-mhàin.

Tha e coltach nach robh àite seasmhach aig na dathan sa Ghàidhlig air a' speagram, ach gun do ghluais iad a rèir an raoin-chleachdaidh air ais 's air aghaidh air slatan-tomhais doimhne agus gleans. Air sgàth 's cho cudromach 's a bha an raoin-chleachdaidh, cha b' e dòigh rannsachaidh chuideachdail a bhiodh ann a bhith ag iarraidh air luchd na Gàidhlig dathan ainmeachadh às aonais co-theags. Chunnacas cuideachd nach e feart tuairisgeulach a-mhàin a tha aig na dathan sa Ghàidhlig ach gu bheil feart luachaidh aca agus gleans, doimhne agus pàtran rim moladh. Mas urrainn dhuinne san latha an-diugh ceanglaichean fhaicinn eadar rudan air diofar tuair ach a bhios coltach san ìre gleans agus doimhne, bidh sinn a' tòiseachadh air coimhead a-rithist tro speuclairean na Gàidhlig.

#### CLÀR-LEABHRAICHEAN

- Annals of the Four Masters*: <<http://www.ucc.ie/celt/online/T100005A/>>.  
 Berlin, Brent, agus Paul Kay, 1969, *Basic Color Terms: Their Universality and Evolution* (University of California Press: Berkeley and Los Angeles).  
 Black, George Fraser, 1892–1893, 'Scottish Charms and Amulets', *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 27, 439–42.  
 Book of Kells: <<http://www.tcd.ie/Library/manuscripts/book-of-kells.php>>.  
 Deutscher, Guy, 2011, *Through the Language Glass* (London).  
 Gillies, Anne Lorne, 2006, *Songs of Gaelic Scotland* (Edinburgh).  
 Henderson, George, 1911, *Survivals in Belief among the Celts* (Glasgow).  
 Lazar-Meyn, Heidi Ann, 1994, 'Colour Terms in Táin Bó Cúailnge', ann an J. P. Mallory is G. Stockman, deas., *Ulidia: Proceedings of the First International Conference on the Ulster Cycle of Tales* (Belfast), 201–06.  
 Macdonald, the Rev. Archibald, 1893–94, 'Religion and Mythology of the Celts', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* XIX, 37–49: 40–41: 'A Mhòr, a ghaoil, till ri d' mhacan'.  
 MacilleDhuibh, Ragnall, 2008, 'The epitome of colour', *West Highland Free Press* 9 Cèitean.  
 MacLeod, Angus, deas., 1952, *Òrain Dhonnchaidh Bhàin | The Songs of Duncan Bàn MacIntrye* (Edinburgh).  
 MacPhail, J. R. N., 1914, *Highland Papers*, air aithris ann am M. Newton, deas., *Warriors of the Word* (Edinburgh, 2009), 133.  
 Martin, Martin, 1716, *A Description of the Western Isles of Scotland* (Edinburgh, 1981).  
 McLeod, Wilson, agus Meg Bateman, 2007, *Duanaire na Sracaire: songbook of the pillagers* (Edinburgh: Birlinn).  
 Murray, John, 2014, *Reading the Gaelic Landscape* (Dunbeath).  
 Ó Baoill, Colm, agus Meg Bateman, 1994, *Gàir nan Clàrsach | The Harps' Cry: An*

*anthology of 17th-century Gaelic poetry* (Edinburgh: Birlinn).

Quye, Anita, Hugh Cheape, John Burnett, Ester S. B. Ferreira, Alison N. Hulme agus Hamish McNab, 2000, 'An Historical and Analytical Study of Red, Pink, Green and Yellow Colours in Quality 18th- and Early 19th-Century Scottish Tartans', ann an Jo Kirby, deas., *Dyes in History and Archaeology* 19, 1–12.

Sapir, Edward, 1958 [1929], *Culture, Language and Personality*, deas. D. G. Mandelbaum (Berkeley).

Spinney, Laura, 2007, 'Shades of Meaning', agallamh le Annie Mollard-Desfour anns *The New Scientist*, 30 June 2007, 45–46.

Stewart, Alexander agus Donald, 1804, *Cochruinneacha taoghta de shaothair nam bard Gaeleach* (Duneidin: Clodh-bhuailt le T. Stiuart).

Stokes, Whitley, 1888, 'The Voyage of Snedgus and Mac Riagla', *Revue Celtique* 9, 14–25.